

Scrionadh CPE

Fiosrachadh do dh'euslaintich

Ma tha ceist sam bith agad mun fhiosrachadh a tha sa bhileig seo, tha e glè chudromach gum beachdaich thu orra le ball den sgioba altraim no leigheis a tha a' coimhead às do dhèidh.

A' tuigsinn CPE

Ann an caolan gach neach a tha àbhaisteach, fallain tha bitheagan leis an t-ainm Enterobacteriaceae. Fhad 's a tha iad anns a' chaolan, cha bhith iad ag adhbhrachadh cron sam bith agus bidh iad a' cuideachadh le ar biadh a chnàmh. Canar tireachas (colonisation) ris an seo. Ach, ma thèid na bitheagan sin don àite cheàrr, leithid don bhalg no don fhuil, faodaidh iad gabhaltachd adhbhrachadh.

Tha Carbapenemase-Producing Enterobacteriaceae (CPE) mar sheòrsa de na Enterobacteriaceae sin. Tha iad air gluasad gu bhith a' seasamh an aghaidh buidheann cumhachdach de antibiotaic ris an canar carbapenems. Tha carbapenems mar bhuidheann cumhachdach de antibiotaic ris am bidh dotairean gu tric an urra airson a bhith a' sabaid an aghaidh gabhaltachd far am bi leigheas le antibiotaicean eile gum fheum. Tha e cudromach gun cuir sinn stad air mar a tha CPE ga sgaoileadh anns na h-ospadalan againn. Nì seo cinnteach gu lean na h-antibiotaicean sin ag obair gus cuir an aghaidh gabhaltachd san àm ri teachd.

Ma tha CPE orm, am feum mi leigheas?

Chan fheum, gu h-àbhaisteach. Chan fheum euslaintich aig a bheil CPE nam bodhaig leigheas fhaighinn oir bidh na bitheagan sin beò gun chron anns a' chaolan, gun a bhith ag adhbhrachadh dhuilgheadasan. Ach, ma tha gabhaltachd ort a tha air adhbhrachadh le CPE, feumaidh tu antibiotaicean airson a leigheas.

Fiosrachadh mu scrionadh CPE

Carson a tha euslaintich air an scrionadh airson CPE?

Le bhith a' faighinn eòlas air na h-euslaintich a tha a' giùlan CPE, is urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gum faigh iad an cùram as fheàrr gus casg a chuir air sgaoileadh CPE agus gus casg a chuir air gabhaltachd CPE.

Faodaidh gabhaltachd air adhbhrachadh le CPE a bhith duilich a leigheas. Tha e air leth cudromach gum biodh fios gu bheil cuideigin a' giùlan CPE oir ma ghabhas gabhaltachd grèim, bidh e comasach dha luchd-obrach lèigheil aithne fhaighinn air an antibiotaic as fheàrr airson a leigheas.

Ciamar a tha euslaintich air an scrionadh airson CPE?

Thèid measadh a dhèanamh air euslaintich a bheirear a-steach do dh'ospadalan dìan nuair a thig iad a-steach gus faighinn a-mach a bheil iad fo chunnart a bhith a' giùlan CPE. Dh'fhaodadh gus tèid iarraidh ort a bhith air do scrionadh airson CPE ma tha thu:

- air a bhith ann an ospadal taobh a-muigh na h-Alba (a' toirt a-steach faighinn làimhseachadh dubhaig air saor-làithean);
- air a bhith a' suathadh ann an cuideigin le CPE; no
- air d'aithneachadh mar neach air an robh CPE roimhe.

Ciamar a gheibh mi deuchainn airson CPE?

Ma dh'fheumas tu sampall a thoirt seachad airson deuchainn, cuiridh ball den sgioba agad moibean beagan astar a-steach don tòin agad. No, dh'fhaodadh gun dèan iad deuchainn air

sampall de chac. Dh'fhaodadh gum bi feum air tuilleadh shampaill, mar eisimpleir ma tha lot no pìob-mùin agad.

Thèid spèis a thoirt don dìomhaireachd agus don urram agad aig gach àm a thèid na sampail sin a ghabhail.

Thèid a h-uile moibean agus sampall a chuir chun deuchainn-lann gus faicinn dè na bitheagan a tha a' fàs, agus bheir an sgioba cùraim agad na co-dhùnaidhean dhut.

Dh'fhaodar gun tèid iarraidh ort fuireach ann an rùm singilte gus am faighear co-dhùnadh an deuchainn agad.

Fiosrachadh do dh' euslaintich le deuchainn adhartach CPE

Dè a thachras ma bhios an deuchainn CPE agam adhartach?

Mas ann adhartach a tha an deuchainn scrionaidh airson CPE agad, tha sin a' ciallachadh gu bheil thu a' giùlan CPE. Gu cumanta, cha bhith seo ag adhbhrachadh dhuilgheadasan dha daoine a tha sunndach is fallain agus is dòcha nach fhulaing thu droch bhuaidhean sam bith. Mura h-eil comharra sam bith air gabhaltachd, chan eil feum air leigheas sam bith.

Ma thig gabhaltachd ort, bidh e na chuideachadh don dotair agad gu bheil fios aige/aice gu bheil thu a' giùlan CPE. Tha seo a' ciallachadh gun urrainn dhaibh an antibotaic as fheàrr aithneachadh airson do ghabhaltachd a leigheas gun dàil.

Mas ann adhartach a tha an deuchainn scrionaidh CPE agad, dh'fhaodadh gun dèanar deuchainn ort airson CPE gach seachdain cho fada 's a bhios tu a' fuireach san ospadal.

Fhad 's a tha mi san ospadal, dè a nithear gus a bhith a' casg agus a' cumail smachd air gabhaltachd?

Dh'fhaodadh gun tèid iarraidh ort fuireach ann an rùm singilte fhad 's a tha thu san ospadal no gus am bi na dotairean agad riarachtaichte nach eil cunnart sam bith ann gun tèid CPE a sgaoileadh gu euslaintich eile.

Is e an rud as cudromaiche as urrainn dhut a dhèanamh gus casg a chuir ar gabhaltachd do làmhan a nighe gu math le siabann is uisge às deidh dhut a dhol don taigh-bheag. Faodaidh tu cuideachd suathadh làimhe le bunait alcol a chleachdadh. Tha e cuideachd deatamach gun seachainn thu suathadh air na h-innealan lèigheil agad leithid piob-mùin no boinneagan do na fèithean agad. Cuidichidh seo le bhith a' lùghdachadh a' chunnart gun glac thu gabhaltachd air adhbhrachadh le CPE.

Am faod daoine tadhal orm fhathast?

Faodaidh daoine a bhith fhathast a' tadhal san ospadal air euslaintich le CPE. Thathas a' comhairleachadh nach bu chòir do luchd-tadhail a tha dualtach gabhaltachd a ghlacadh, no clann no leanabain a bhith a' tadhal. Feumaidh a h-uile neach-tadhail an làmhan a ghlanadh nuair a thèid iad a-steach agus a dh'fhàgas iad an rùm agad.

Dè a thachras nuair a dh'fhàgas mi an ospadal?

Ma tha thu a' giùlan CPE nuair a dh'fhàgas tu an ospadal, dh'fhaodadh seo falbh thar ùine. Cha leig thu a leas ceumannan ro-chùram sònraichte a bharrachd a ghabhail aig an taigh a bharrachd air do làmhan a nighe gu math le siabann is uisge, gu sònraichte às deidh dhut a bhith san taigh-bheag. Ma tha duine ann an càirdeas dhut no caraid gad chuideachadh aig an taigh, tha e deatamach gum bi iadsan a' nighe na làmhan aca le siabann is uisge ro agus às deidh dhaibh cùram a thoirt dhut. Faodar aodach-leapa, aodach, agus stuthan-nighe eile an nighe mar as àbhaist.

Ma thèid thu air ais don ospadal no àrainneachd cùram-slàinte eile, tha e cudromach gun innis thu don luchd-obrach a tha a' coimhead às do dheidh gun robh deuchainn adhartach de CPE agad roimhe sin. Nì seo cinnteach gum faigh thu an cùram as fheàrr gus casg a chuir ar sgaoileadh CPE agus gus cunnart gun glac thu gabhaltachd CPE a lùghdachadh.

Càite am faigh mi tuilleadh fiosrachaidh?

Ma tha thu ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh, feuch am bruidhinn thu ri ball den sgioba altrim no lèigheil a tha a' coimhead às do dheidh, agus dh'fhaodadh iadsan fios a chuir chun sgioba Casg is Smachd Gabhaltachd ionadail às do leth.

Feuch an cleachd thu an raon gu h-ìosal gus ceistean sam bith a tha agad a sgrìobhadh airson an sgioba a tha a' coimhead às do dhèidh.

Gheibhear a' bhileag seo ann an cànanan eile, a bharrachd air a bhith ann an clò mòr, cruth furasta a leughadh agus ann am Braille (Beurla a-mhàin).

Airson lethbhreac den bhileig seo iarraidh ann an cànan no cruth eile, feuch an cuir thu fios gu Dìon Slàinte na h-Alba: NSS.HPSHAIScreening@nhs.net

Dìon Slàinte na h-Alba
Cùirt Meridian, 5 Sràid Cadogan, Glaschu G2 6QE
0141 300 1100